



# An Greusaiche agus na Sithichean




Air ath-innse le Margaret Nash • Na dealbhan Anna C Leplar

# An Greusaiche agus na Sithichean



An teacsá Margaret Nash  
Na dealbhan Anna C Leplar  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Uair a bha siud bha greusaische bochd ann.  
Cha robh leathar air fhàgail aige airson brògan  
a dhèanamh agus cha robh òr aige airson  
leathar a cheannach. Mar sin dhùin e a' bhùth  
aige agus chaidh e dhachaigh.

2



“Dè nì mi?” thuirt e ri bhean.  
Chuir a bhean a làmh fo ghàirdean.  
“Thig rudeigin math thugainn fhathast,”  
thuirt ise.  
“Fuirich agus chì thu.”


3





An ath latha dh'fhalbh an greusaiche  
agus a bhean gu brònach dhan bhùth.

4



Dh'fhosgail an greusaiche an doras agus  
leig e èigh às.

"Seall" dh'èigh e ri bhean.

"Bheil thu a' faicinn an rud tha mise a' faicinn?"


"Brògan!" thuirt ise. "Tha mi a' faicinn bhrògan."

5





Choimhead an greusaiche ri na sàilean.  
Choimhead e ri na sròinean.  
“Tha iad math,” thuirt e.  
“Tha iad cho math ri na brògan a rinn  
mi fhèin.  
Ach cò rinn iad? Cò?”




An sin thàinig seann duine a-steach dhan bhùth.  
“Tha mi ag iarraidh na brògan sin a cheannach,”  
thuirt e.  
“An gabh thu òr air an son?”  
“Gabhaidh gu dearbh,” ars an greusaiche.  
“Agus tapadh leibhse.”






Chaidh an greusache  
a cheannach leathar  
leis an òr.



Chaidh e air ais dhan  
bhùth agus gheàrr e  
a-mach tuilleadh  
bhrògan.



An uair sin dh'fhalbh e  
dhachaigh.



An ath latha chaidh an greusache agus a  
bhean dhan bhùth. Dh'fhosgail an greusache  
an doras agus cha chreideadh e a shùilean.  
“Seall!” thuirt e ri bhean. “Bheil thusa  
a’ faicinn an rud tha mise a’ faicinn?”  
“Brògan!” ars ise. “Tha mi a’ faicinn bhrògan.”





An sin thàinig seann bhoireannach a-steach dhan bhùth.

“Tha mi ag iarraidh na brògan sin a cheannach,” thuirt i.

“An gabh thu òr air an son?”

“Gabhaidh gu dearbh,” arsa an greusaiche.

“Agus tapadh leibhse.”



Agus sin mar a bha, latha às dèidh latha ...  
Cheannaich an greusaiche tuilleadh agus tuilleadh leathair.  
Gheàrr e mach tuilleadh bhrògan agus chaidh e dhachaigh.



An ath latha nuair a chaidh e air ais dhan bhùth bha tuilleadh bhrògan an sin – tòrr mòr bhrògan.





Aon latha thuirt an greusaiche ri bhean,  
 “Nis tha poit mhòr òir agam agus tòrr bhrògan  
 ach tha mi airson faighinn a-mach cò tha  
 a’ dèanamh nam brògan dhomh.”  
 “Nach fhaigh sinn a-mach a-nochd,”  
 thuirt e ri bhean.  
 “Falaichidh sinn fon bhòrd.”  
 Agus sin a rinn iad.



An oidhche sin nuair a bha an greusaiche  
 agus a bhean fon bhòrd, chunnaic iad dithis  
 dhaoine beaga biòdach.  
 Leum na daoine beaga air a’ bhòrd.  
 “Seall!” ars an greusaiche ri bhean.  
 “Sìthicéan! Tha iadsan a’ dèanamh nam  
 brògan.”





An ath latha thuirt an greusaiche ri bhean,  
“De nì sinn airson taing a thoirt dha na  
sìthicéan?”  
“Nach dèan sinn aodach dhaibh,” ars a bhean.



14   



An oidhche sin nuair a chunnaic na  
sìthicéan an t-aodach bha iad cho  
toilichte ris an rìgh.  
Chuir iad orra an t-aodach agus dhanns  
agus leum iad air feadh an àite. An uair  
sin ruith iad air falbh a' gàireachdainn  
agus cha do thill iad tuilleadh.

15



Bha an greusaiche toilichte cuideachd.  
 Bha tòrr mòr òir aige airson leathàr gu leòr  
 a cheannach. Dhèanadh e brògan a-rithist.  
 Chuir a bhean a làmh na achlais.  
 “Seall a-nis!” thuirt i ris.  
 “Nach tainig rudeigin math thugainn!”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
 Holley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
 earrann de Phoghlam agus Foillseachadh Proiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
 MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
 IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
 PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Margaret Nash 1997

A' chìad fhoillseachadh 1997

99 98 97  
 10 9 8 7 6 5 4 3 2 1

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Aoir

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha rìochdaichte  
 air MRG. Na còraichean uile gléidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
 a-th-rìochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Aoir.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
 Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bhò Leabharlann Bhreatann

Tha Margaret Nash a' dleasadh còir mhòralta airson a bhith air comharrachadh  
 mar iughdar na h-obrach seo.

Clò-bhualite le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 667 8